

BÒRD NA GÀIDHLIG

PLANA CORPORA 2005-2007

CLÀR-INNSE

- 1. Rùn & Amasan**
- 2. Facal-toisich**
- 3. Co-chomhairle agus Dealbhadh**
- 4. Mar a tha sinn ag Obair**
- 5. Prìomh-amasan Roinne**
- 6. Amasan Ro-innleachdail agus Cuimsean Gnìomha**

Pàipear-taice 1	DREACH BHUIDSEAT airson na h-ùine gu 31^{mh} Màrt 2007
Pàipear-taice 2	Diagram Structair Bòrd na Gàidhlig
Pàipear-taice 3	Dleastanasan Luchd-obrach
Pàipear-taice 4	Poileasaidh Gàidhlig Bòrd na Gàidhlig

“Tha e a-nis an urra ri luchd-poileataics an latha an-diugh dèanamh cinnteach gum bi a’ Ghàidhlig air a neartachadh agus tha mo dhleastanasan mar Phrìomh Mhinistear na h-Alba airson taic a thoirt don Ghàidhlig fìor chudromach dhomh. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach chan e a-mhàin gum bi sinn a’ cumail suas an dlùth cheangal eadar a’ Ghàidhlig agus gach cuid eachdraidh is cruinn-eòlas na h-Alba, ach cuideachd gum bi a’ Ghàidhlig a’ soirbheachadh. Chan e na làithean a dh’fhalbh a-mhàin a bhuineas don Ghàidhlig – feumar sealltainn gu bheil làithean ri teachd aice cuideachd.”

Prìomh Mhinistear na h-Alba Jack McConnell BPA aig a’ 100th Mòd Nàiseanta Rìoghail, Dàmhair 2003

<>

“Gheall an Riaghaltas reachdas gus am bi a’ Ghàidhlig nas soirbheachaile san àm ri teachd. An-diugh anns a’ Phàrlamaid seo tha an cothrom againn sin a libhrigeadh. Ann am faclan an òrain ‘Suas Leis a’ Ghàidhlig’:

‘S i fhathast cànan na h-òige, ’s i fhathast cànan na h-aoise ... chan eil i a’ dol fodha ann an teanntachd.’

Gabhamaid air adhart gus am bi am Bile air aontachadh agus teanntachd air a thionndadh gu cothrom don Ghàidhlig. Tha mi a’ moladh a’ Bhile don Phàrlamaid.”

Ministear an Fhoghlaim agus an Òigridh, Peadar Peacock BPA, a’ dùnadh an deasbaid Ìre eachdraidheil air Bile na Gàidhlig (Alba) ann am Pàrlamaid na h-Alba air 21^{mh} Giblean 2005

1. RÙN AGUS AMASAN

Rùn

Nì Bòrd na Gàidhlig cinnteach gum bi Cànan is Cultar na Gàidhlig seasmhach san àm ri teachd

Amasan

Ann an coimhead ri a rùn a libhrigeadh, tha na h-Amasan Ro-innleachdail a leanas aig Bòrd na Gàidhlig:

- Meudachadh àireimh luchd-labhairt Gàidhlig agus luchd-cleachdaidh Gàidhlig
- Neartachadh na Gàidhlig mar chànan teaghlaich agus coimhearsnachd
- Cuideachadh le cothrom air cànan is cultar na Gàidhlig air feadh Alba
- Adhartachadh is comharrachadh na tha a' Ghàidhlig a' cur ri beatha chultarail na h-Alba
- Leudachadh is leasachadh cleachdadh na Gàidhlig anns gach roinn de bheatha na h-Alba

Neart ann an caidreachas

Tha aithne aig Bòrd na Gàidhlig gur e an t-amas, agus an dùbhlán as motha aige, a bhith a' meudachadh àireamh luchd-labhairt Gàidhlig gus am bi iad aon uair eile nam pàirt misneachail agus fèin-thaiceil de dh'Alba. Bidh am Bòrd ag iarraidh seo a choileanadh ann an diofar dhòighean, ach feumaidh neartachadh na Gàidhlig mar chànan teaghlach is coimhearsnachd, agus cuideachadh le cothrom air cànan is cultar na Gàidhlig air feadh Alba, a bhith am measg nam prìomh ro-innleachdan.

Tha Bòrd na Gàidhlig a' gealltainn co-obrachadh agus co-chomhairle cho farsaing 's a ghabhas dèanamh, agus bhon àm a thòisich an obair aige tha gach oidhirp air a dhèanamh gus com-pàirt a thoirt don choimhearsnachd ann an obair a' Bhùird. Tha aithne aig a' Bhòrd gu bheil pàirt na coimhearsnachd ro-chudromach ann am plana a bhios èifeachdach agus a ghabhas coileanadh. Tha measadh na coimhearsnachd air ro-innleachdan a' Bhùird agus an obair a thig às a cheart cho cudromach.

Tha aithne aig a' Bhòrd gum bi soirbheachadh a rùin cuideachd an urra ri com-pàirteachasan èifeachdach agus làidir le buidhnean Gàidhlig, agus le prìomh bhuidhnean poblach agus solaraichean ionmhais eile. Bidh na buidhnean sin fìor chudromach ann am buileachadh ro-innleachdan nàiseanta, agus tha am Bòrd a' cur mòr mheas air an eòlas agus am proifeiseantachd. Tha Bòrd na Gàidhlig air a bhith a' dèanamh ceanglaichean proifeiseanta ri buidhnean aig a bheil amasan leasachaidh co-ionann, agus bidh e a' togail air na ceanglaichean sin agus a' stèidheachadh barrachd dhiubh.

Nì am Bòrd gach nì a ghabhas gus an coimhearsnachd a bhrosnachadh agus dealas fhaicinn airson lìbhrigeadh rùn ro-innleachdail agus planaichean practaigeach. Iarraidh seo co-obrachadh gnìomhach agus dealasach stèidhichte air measgachadh de mhòr-mhiann coimhearsnachd agus rùn ro-innleachdail.

Dealbhadh airson buannachd

Tha dealbhadh cànan na fhrèam cudromach airson leasachadh cànan agus na eileamaid bhunaiteach de fheallsanachd dealbhadh ro-innleachdail a' Bhùird. Tha am Bòrd a' cumail a' leudachadh aithne air teoiric dealbhadh cànan, ionnsachadh bho dhealbhadh agus eòlas practaigeach ann an coimhearsnachdan cànan eile.

Daingneachadh na dh'fhalbh – comasachadh na tha ri teachd

Bidh teachd Achd na Gàidhlig a' ciallachadh cothroman ùra agus fìor atharrachadh don Ghàidhlig, agus 's dòcha mòr-mhiannan fad-ùine agus prìseil choimhearsnachdan air an coileanadh. Tha am Bòrd a' sùileachadh gum bi na dùbhlain ùra a thig an cois na h-Achd air an dèanamh comasach le goireasan ùra a tha freagarrach airson na h-obrach agus co-ionann ris an dealas a tha Riaghaltas na h-Alba air a shealltainn airson cumail beò agus ath-bheothachadh a' phàirt shònraichte seo de dhualchas nàiseanta na h-Alba.

Le taic ghnìomhach nan com-pàirtichean uile bidh an obair comasach do Bhòrd na Gàidhlig.

Ailean Caimbeul

Ceannard

Donnchadh Fearghasdan

Cathraiche

3. CO-CHOMHAIRLE AGUS DEALBHADH

Bho chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh, rinn am Bòrd mòran co-chomhairleachaidh gus faighinn a-mach feuman na coimhearsnachdan Gàidhlig a thaobh leasachadh cànan. Thachair seo tro: coinneamhan a tha am Bòrd air a chumail ann an coimhearsnachdan le Gàidhlig; co-chomhairle Bile na Gàidhlig; sreath de sheachd co-labhairtean air na roinnean leasachaidh (foghlam agus ionnsachadh, leasachadh sòisealta agus eaconamach, agus cultar); agus co-labhairt a' Bhùird *Sealladh 2020 – A dh'ionnsaigh Plana Nàiseanta don Ghàidhlig*. Thug tagraidhean agus iarrtasan maoinachaidh a fhuair am Bòrd fiosrachadh luachmhor cuideachd mu mhòr-mhiannan agus feuman coimhearsnachd.

Tron Phlana Corporra aige agus libhrigeadh a Phlana Gnìomh, bidh am Bòrd a' togail air iomairtean roimhe agus a' cur ri clàr-gnothaich Mhinistearan na h-Alba airson na Gàidhlig mar a tha air a chlàradh ann an *Partnership for a Better Scotland, Scotland's National Cultural Strategy*, agus an Òraid a rinn am Prìomh Mhinistear air Là Naoimh Anndrais.

Tha am Plana Corporra agus am Plana Gnìomh nam bunait airson com-pàirteachasan le buidhnean eile anns an ùine suas gu ceann-là buileachaidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha am Plana Corporra a' comharrachadh frèam ro-innleachdail airson obair a' Bhùird thar na h-ùine 2005-2007 agus a' mìneachadh nan cuimsean is amasan ro-innleachdail a tha e a' meas deatamach airson leasachadh Gàidhlig. Feumaidh coileanadh prataigeach nan cuimsean is amasan sin an taic coimhearsnachd as làidire a tha ann, agus an sùbailteachd as motha anns a' phròiseas buileachaidh. Bidh am pròiseas dealbhaidh air a sgrùdadh agus air atharrachadh thar ùine mar thoradh air adhartas agus eòlas.

Tha na cuimsean is amasan ro-innleachdail cuideachd a' cur cudrom air an fheum air àrdachadh ìomhaigh agus leasachadh inbhe na Gàidhlig an Alba. Bheir Ro-innleachd Margaideachd agus Conaltradh a' Bhùird stiùireadh do na h-oidhirpean air adhartachadh cànan is cultar na Gàidhlig an Alba.

Tha am Bòrd a' sùileachadh gum bi Plana Nàiseanta na Gàidhlig, a tha air iarraidh air a' Bhòrd fo chumhachan Achd na Gàidhlig, air a chrìochnachadh ro 2006 agus gum bi e air a bhuileachadh bhon Ghiblean 2007. Bidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig, còmhla ris an ullachadh eile san Achd a' ciallachadh cosgais don Bhòrd. Feumaidh am Bòrd barrachd ghoireasan daonna agus eile gus dèanamh cinnteach gum bi an Achd air a buileachadh gu h-èifeachdach.

4. MAR A BHIOS SINN AG OBAIR

'S e buidheann poblach neo-roinneil (NDPB) a tha ann am Bòrd na Gàidhlig a tha air a stèidheachadh le Ministearan na h-Alba, agus cunntachail dhaibh. Tha ochdnar bhall gu h-iomlan aig a' Bhòrd, a' gabhail a-steach an Cathraiche, agus tha uallach air airson riaghladh agus stiùireadh ro-innleachdail Bòrd na Gàidhlig.

Bun-reachd

Tha uallach coitcheann air Bòrd NDPB a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil rùintean na buidhne gan coileanadh, gu bheil goireasan air an cleachdadh ann an dòigh a tha iomchaidh agus èifeachdach airson airgead poblach, agus gu bheilear a' coinneachadh ri poileasaidhean agus prìomh-amasan Riaghaltas na h-Alba. Bu chòir don Bhòrd ceannardas, treòrachadh, taic agus stiùireadh a thoirt don bhuidheann phoblach, còmhla ri leantainneachd ann an stiùireadh agus riaghladh, agus adhartachadh dealas mu na prìomh luachan, poileasaidhean agus amasan aige.

Meòrachan agus Artaigilean Companaidh

Tha Bòrd na Gàidhlig ag iarraidh a bhith ag obair gu dlùth le Riaghaltas na h-Alba agus Ministearan na h-Alba a chomhairleachadh air cùisean Gàidhlig agus uallach a ghabhail airson stiùireadh agus riaghladh Plana Nàiseanta na Gàidhlig a bhios air aontachadh le Ministearan na h-Alba.

Tha prìomh ghniomhan mar a tha air aithris san earrann a leanas:

'S iad na h-amasan airson a bheil Bòrd na Gàidhlig air a stèidheachadh a bhith ag adhartachadh agus a' comharrachadh na tha a' Ghàidhlig a' cur ri beatha chultarail na h-Alba, a' cuideachadh agus ag adhartachadh le cruthachadh cothroman ùra air a' Ghàidhlig a chleachdadh an Alba, a' misneachadh agus a' toirt taic do chleachdadh na Gàidhlig nas motha anns gach roinn de bheatha na h-Alba, agus a' neartachadh na Gàidhlig mar chànan teaghlach is coimhearsnachd agus mar sin a' meudachadh àireamhan luchd-labhairt agus luchd-cleachdaidh na Gàidhlig tro:

- Ullachadh plana airson leasachadh Gàidhlig an Alba;
- Adhartachadh agus cuideachadh cleachdadh na Gàidhlig;

- Comhairleachadh mu, agus toirt buaidh air, cùisean co-cheangailte ri cànan agus cultar na Gàidhlig;
- Riarachadh thabhartasan gus cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh agus a chuideachadh;
- Comhairleachadh mun ro-innleachd airson foghlam Gàidhlig agus tro mheadhan na Gàidhlig;
- Stiùireadh adhartachadh na Gàidhlig agus obair chultarail co-cheangailte rithe aig ìre nàiseanta is eadar-nàiseanta.

Chithear Meòrachan agus Artaigilean Companaidh Bòrd na Gàidhlig gu h-iomlan air www.bord-na-gaidhlig.org.uk

Bidh bun-reachd a' Bhùird ag atharrachadh aon uair 's gun tòisich Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Bidh an structair a tha aig a' Bhòrd an-dràsta mar chompanaidh earranta le urras air a thoirt gu crìch, agus bidh am Bòrd air ath-stèidheachadh mar bhuidheann poblach. Bidh gach cùmhnant agus dleastanas ceangalta fon lagh do luchd-obrach, oifisean m.s.a.a., a tha ann an làmhnan Bòrd na Gàidhlig (Alba) an-dràsta, cuideachd a' gluasad chun a' bhuidhinn phoblaich ùir Bòrd na Gàidhlig. Chan eil an ceann-latha airson gluasad bho Bhòrd na Gàidhlig (Alba) chun a' bhuidhinn phoblaich ùir Bòrd na Gàidhlig air aontachadh fhathast.

Luachan

Tha Bòrd na Gàidhlig a' gealltainn deagh ìrean ionracais; feabhais; còmhla ri dealas airson ionnsachadh agus obrachadh còmhla ri buidhnean eile. Tha sinn ag iarraidh fosgarrachd agus cothromachd nar n-obair uile agus a bhith cuimhneachail air ar dleastanasan sòisealta. Tha sin a' ciallachadh:

- **Feabhas agus Luach** anns a' Ghàidhlig, a Cultar agus sa Bhuidheann againn
- **Tionnsgalachd agus Ùr-gnàthachadh** nar dòigh-obrach airson leasachadh cànan
- **In-ghabhail** do na h-uile a tha airson com-pàirteachadh ann an cànan agus cultar
- **Com-pàirteachasan agus Caidreachasan** ri daoine agus buidhnean
- **Follaiseachd agus Fosgarrachd** nar gnothaichean uile

Frèam Ro-innleachdail

Dealbhadh Cànain

Tha dealbhadh cànain na phàirt cudromach agus bunaiteach de dh'obair a' Bhùird. Tha e a' toirt frèam cudromach agus modhan leasachadh cànain a stiùireadh.

A' coimhead air adhart ri ullachadh agus buileachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig an Alba, tha ùidh shònraichte air a bhith aig a' Bhòrd ann an taic agus brosnachadh do dhà phlana coimhearsnachd Gàidhlig sònraichte, a bheir fiosrachadh do dh'ullachadh a' Phlana Nàiseanta. Tha na leasachaidhean sin a' gabhail àite anns na h-Eileanan Siar agus sgìre Inbhir Nis-Inbhir Narainn, agus cumaidh am Bòrd a' dol ag obair a dh'ionnsaigh coileanadh soirbheachail air na h-ìomairtean sin agus bidh e a' misneachadh coimhearsnachdan eile gus eisimpleir an dà sgìre sin a leantainn.

Tha am Bòrd na bhall cuideachd de Chaidreachas Bùird Cànain na h-Eòrpa. Tha an Caidreachas seo a' toirt cothroman do na bùird cànain fiosrachadh a cho-roinn mu leasachadh cànain, agus tha am Bòrd a' togail air agus a' dèanamh feum de na ceanglaichean cudromach sin.

Plana Gnìomh

Tha am Plana Gnìomh a' leantainn air a' Phlana Corporra agus a' mìneachadh nan gnìomhan a thathar a' meas riatanach airson coileanadh cuimsean is amasan ro-innleachdail. Tha am Plana a' toirt cunntas roinneil air gnìomhan planaichte a' Bhùird agus 's e an iuchair gu co-obrachadh èifeachdach le buidhnean leasachaidh Gàidhlig.

Plana Nàiseanta

Bidh Plana Nàiseanta na Gàidhlig air iarraidh air a' Bhòrd fo chumhachan Achd na Gàidhlig. 'S e amas a' phlana a bhith a' cur an cèill mòr-mhiannan na coimhearsnachd Ghàidhlig, agus Mhinistearan na h-Alba airson leasachadh na Gàidhlig an Alba. Bidh e a' togail air na gnìomhan a tha air an comharrachadh anns a' Phlana Gnìomh agus bheir e sealladh nas fharsainge airson leasachadh Gàidhlig. Nuair a bhios e air aontachadh le Ministearan, bheir am Plana Nàiseanta stiùireadh cuideachd do ùghdarrasan ionadail agus buidhnean poblach.

Fo-chomataidhean

Tha buill a' Bhùird air an riochdachadh air ceithir Fo-chomataidhean le gnìomh a bhith a' coimhead ri prìomh roinnean Foghlam, na h-Ealain agus Cultar, Ionnsachadh Gàidhlig agus Rannsachadh. Tha na Fo-chomataidhean a' toirt cothrom air rannsachadh nas mionaidiche a dhèanamh air cùisean poileasaidh sònraichte agus am Bòrd a chomhairleachadh a rèir sin.

Tha am Bòrd air a riochdachadh cuideachd air dà phrìomh chomataidh a chaidh an stèidheachadh le Ministear an Fhoghlaim agus an Òigridh, Peadar Peacock MSP, gus aghaidh a chur air dùbhlain sònraichte ann an leasachadh foghlam Gàidhlig.

Tha Cathraiche a' Bhùird Donnchadh Fearghastan na bhall den bhuidheann-gnìomha gearr-ùine air fastadh thidsearan Gàidhlig, air a bheil Mata MacIomhair, Clàradair GTC an Alba, mar chathraiche.

Tha Rosemary Ward na ball den Chomataidh ICT air a bheil Bruce Robertson Stiùiriche an Fhoghlaim a' Chultar agus an Spòrs aig Comhairle na Gaidhealtachd mar chathraiche, agus a tha a' leasachadh ullachadh ionnsachaidh ùr airson foghlam meadhan-Gàidhlig san àrd-sgoil. Tha Rosemary a' riochdachadh Comhairle Earra-Ghaidheil agus Bhòid air a' chomataidh, faodaidh i cuideachd a bhith na drochaid eadar an comataidh agus am Bòrd a thaobh cùisean sa bheil ùidh choitcheann aca.

Obrachadh Comasach agus Èifeachdach

Riaghladh

Aig an àm seo tha luchd-obrach de 8 FTE aig Bòrd na Gàidhlig a tha a' gabhail a-steach Ceannard a tha cuideachd na Oifigear Cunntachail a' Bhùird, agus 4 stiùirichean a tha a' dèiligeadh ri Leasachadh, Dealbhadh Cànan, Ionmhas & Rianachd agus PR & Margaideachd. Tha an sgioba taic rianachd air a dhèanamh suas de PA/Rùnaire don Cheannard, Rùnaire Ionmhais & Rianachd agus Fàiltiche/Rùnaire. Tha Oifigear Rianachd aig a' Bhòrd cuideachd a tha fo-fhastach airson 1-bliadhna gu Riaghaltas na h-Alba.

Measadh agus Leasachadh Luchd-obrach

Tha am Bòrd a' dèanamh measadh luchd-obrach a h-uile sia mìosan, a' gabhail a-steach prìomh mheasadh gach Faoilleach agus measadh nas aotraime as t-samhradh. Tha

measaidhean air an dèanamh leis a' Cheannard, agus tha measadh a' Cheannaird fhèin air a dhèanamh leis a' Chathraiche.

Poileasaidhean

Ann an co-rèir ri deagh chleachdadh, tha obair a' Bhùird a' gabhail a-steach diofar phoileasaidhean, a' gabhail a-steach roinnean mar slàinte is sàbhailteachd agus cothroman co-ionann. Tha Leabhar-làimhe Luchd-obrach air a chumail suas a tha a' mìneachadh a h-uile poileasaidh sgiobachd. Tha am Bòrd a' cleachdadh na Gàidhlig na ghnìomhan gu lèir, a tha daonnan ann an Gàidhlig cho fada 's a ghabhas dèanamh. Tha am Bòrd air Poileasaidh Gàidhlig a ghabhail os làimh, agus tha lethbhreac dheth an cois seo aig Pàipear-taice 4.

Saorsa Fiosrachaidh

Chan eil am Bòrd fhathast air liosta nam buidhnean poblach fo Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002. Ach tha am Bòrd a' gealltainn fosgarrachd agus cunntachalachd, agus bho 1 Faoilleach 2005 air obrachadh mar gum biodh an Achd a' buntainn ris.

Siostaman Pàighidh

Bha am pàigheadh a gheibheadh buill a' Bhùird air a shuidheachadh le Ministearan mus robh na dreuchdan air an sanasachd ann an samhradh 2002. Tha pàigheadh nan dreuchdan sin stèidhichte airson na h-ùine a bhios am ball san dreuchd.

Bha luchd-obrach a' Bhùird uile air an cur air puingean tuarastail a rèir sgèile a dh'ullaich Riaghaltas na h-Alba nuair a chaidh a' chiad bhuill a chur an dreuchd ann an 2003-04. Tha am Bòrd a' beachdachadh air sgeama tuarastail leasaichte an-dràsta, a sheallas gnìomhan agus dleastanasan sònraichte a' Bhùird agus a bhios a rèir iùil poileasaidh thuarastal airson buidhnean NDPB.

Rianachd Ionmhasail

Tha rianachd ionmhasail a' Bhùird air a riaghladh leis an Aithris Riaghlaidh/Meòrachan Ionmhasail, a chaidh aontachadh le Riaghaltas na h-Alba ann an 2004. Tha an siostam cunntasachd aige fhèin aig a' Bhòrd gus cunntas teachd-a-steach is cosgais a chlàradh, a sgrùdadh agus a phlanadh. Tha an siostam stèidhichte air clàradh làimhe bunaiteach còmhla ri leabhar-cunntais *nominal* air coimpiutair. Tha aithrisean riaghlaidh air an ullachadh gach

mìos leis a' Mhanaidsear Ionmhais & Rianachd, agus cuideachd air stèidh ad-hoc nuair a bhios feum air. Tha am maoinachadh tro Thabhartas-cuideachaidh bho Riaghaltas na h-Alba, agus tha seo air a tharraing sìos gach mìos leis an t-suim a tha air iarraidh air an ceangal ri riatanasan na mìos ri teachd.

Tha seirbheisean pàighidh a' tighinn bho muigh, agus cuideachd comhairle mun lagh agus sgiobachd. Tha Deloitte & Touche LLP a' dèanamh in-sgrùdadh le taic a bharrachd ri fhaotainn bho Aonad Sgrùdaidh Riaghaltas na h-Alba. 'S iad na sgrùdairean bhon taobh a-muigh Tenon Audit Limited, pàirt den UK Tenon Group.

Sgaoileadh Maoine

Bidh mòran de rùn Bòrd na Gàidhlig air a choileanadh tro mhaoineachadh no barrantachadh sholaraidhean seirbheis airson nan amasan agus nan cuimsean aige a libhrigeadh. Ann an cuid de chùisean, faodaidh am Bòrd cùmhnant a thoirt do bhuidhnean no daoine iomchaidh gus gnìomhan ro-innleachdail sònraichte a ghabhail os làimh no iomairtean a mhaoineachadh an com-pàirteachas le buidhnean eile. Tha na slatan-tomhais a tha na bhunait airson a' mhodh libhrigidh a' gabhail a-steach dà bharrantas do-sheachanta; meudachadh anns an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig, agus meudachadh ann an càileachd agus ìre cleachdaidh na Gàidhlig. Bidh am Bòrd a' sgaoileadh a mhaoin tro sgeama maoinachaidh suidhichte le stiùireadh airson tagraidhean. Bheir an sgeama maoinachaidh làn aire do rùn, raon-ùghdarrais, prìomh-amasan agus plana gnìomh a' Bhùird.

'S e aon de dhleastanasan a' Bhùird a bhith a' toirt taic do sholaraidhean sheirbheisean Gàidhlig eile mar phàirt de na dleastanasan àbhaisteach aige. Anns gach cùis bidh am Bòrd a' suidheachadh thargaidean soilleir, le ùine romhpa mar phàirt de na tha air iarraidh sa chunradh aige.

Riaghladh cunnairt

Mar phàirt den ro-innleachd riaghladh cunnairt aige, tha am Bòrd air clàr cunnairt ullachadh le cuideachadh bho roinn Seirbheisean Iomairt Cunnairt Deloitte & Touche LLP. Bidh taic aig a' chlàr bho ro-innleachd agus poileasaidh cunnairt buidhne.

Sgrùdadh & Breithneachadh Coileanaidh

Tha am Bòrd ag obrachadh siostam sgrùdaidh leantainneach dèante a dh'aona ghnothaich airson nam buidhnean agus pròiseactan a tha e a' maoineachadh.

Airson pròiseactan singilte, tha an sgrùdadh a' tòiseachadh nuair a thig an t-iarrtas a-steach. Tha cumhachan maoineachaidh air an comharrachadh ann an litir tairgse a tha a' dèanamh suas an aonta eadar am Bòrd agus a neach-dèilige. Tha measaidhean air an dèanamh mar phàirt gnàthach den mhodh sgrùdaidh. Airson cuid de phròiseactan nas motha, tha measaidhean air an dèanamh bho àm gu àm agus air an ceangal ri adhartas a' phròiseict agus toirt seachad nan cuibhreannan maoineachaidh.

Tha airgead do bhuidhnean a bha roimhe air am maoineachadh le Riaghaltas na h-Alba fo Earrann 23, air a sgrùdadh gach ràithe. Feumaidh gach buidheann fianais a chur a-steach air adhartas freagarrach agus aithris mhionaideach air ionmhas agus obair mar a tha air a chomharrachadh ann an aonta maoineachaidh a' Bhùird.

Ach, airson cha mhòr a h-uile buidheann, tha glè bheag no gun chàil idir de mhaoin taisgte aca, agus tha an comas air leasachadh Gàidhlig a libhrigeadh gu mòr an urra ri ro-mhaoineachadh na h-obrach aca gach ràithe. Tha seo a' ciallachadh gum bi am Bòrd a' leigeil thuca a' chiad phàigheadh ràitheil ann am bliadhna sam bith ro-làimh, agus air stèidh a' phlana gnothachais a chaidh aontachadh, agus bidh pàighidhean ràitheil an dèidh sin air an ceadachadh ma bhios coileanadh freagarrach air obair na ràithe roimhe.

Riaghladh Coileanaidh

Tha Comharran Coileanaidh agus Builean Aontaichte air an gabhail a-staigh anns a h-uile aonta maoineachaidh. Faodar iarrtas a chur airson prìomh-amasan maoineachaidh Bòrd na Gàidhlig agus tha iad air an làrach-lìn aige cuideachd.

Planaichean Gàidhlig

Tha sinn a' sùileachadh gun cuir Achd na Gàidhlig dleastanas air a' Bhòrd a bhith ag obair còmhla ri ùghdarrasan poblach an Alba gus planaichean cànanain Gàidhlig ullachadh agus a bhuileachadh. Bidh am Bòrd ag ullachadh stiùireadh gus ùghdarrasan agus buidhnean eile mar sin a chuideachadh ann an ullachadh nam planaichean cànanain sin. Anns a' chùis seo bidh e ag obair gu dlùth còmhla ri Riaghaltas na h-Alba ann an ullachadh a phlana Gàidhlig

fhèin, agus bidh e air a stiùireadh le fiosrachadh na Cuimrigh air planaichean-cànain agus stiùireadh co-ionann sa Chuimrigh.

5. ROINNEAN AGUS PRÌOMH-AMASAN

Foghlam agus Ionnsachadh

Tha Achd an Fhoghlaim (Alba) 1980 ag ràdh gu bheil *'foghlam sgoile'* a' gabhail a-steach *'teagasg Gàidhlig ann an sgìrean le Gàidhlig'* agus gum bu chòir do dh'ùghdarrasan foghlaim spèis a thoirt don phrionnsabal gum feum *'sgoilearan a bhith air an teagasg san dòigh a tha am pàrantan ag iarraidh.'*

Mhol Comataidh Eòlaichean na Comhairle Eòrpaich, a' toirt cunntas air gèilleadh an riaghaltais do ghnòthaichean ann an Cairt na Comhairle Eòrpaich airson Cànanan Roinneil agus Mion-chànan gum biodh Riaghaltas na h-Alba *'a' toirt cothrom air foghlam bun-sgoile agus àrd-sgoile ann an Gàidhlig na h-Alba anns na sgìrean sa bheil an cànan air a chleachdadh.'*

Tha leasachadh Foghlam Meadhan-Gàidhlig (GME) bho mheadhan nan 1980an air sealltainn gun gabh ginealach ùr de luchd-labhairt Gàidhlig fileanta agus misneachail a chruthachadh. Ann an 1986 stèidhich Oifis na h-Alba sgeama Thabhartasan Sònraichte gus cuideachadh le teagasg na Gàidhlig no teagasg cuspairean eile ann an Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach gach ìre bho aois ro-sgoil tron bhun-sgoil agus an àrd-sgoil. Tha foillseachadh an Riaghaltais, *A Partnership Agreement for a Better Scotland* ag ràdh gum bi an Riaghaltas *'a' cumail air a' cur an seilbh ann am Foghlam Meadhan-Gàidhlig a' gabhail a-steach ullachadh barrachd àiteachan trèanadh thidsear'* ann an colaistean agus oilthighean. Tha targaid Sgrùdadh air Cosg aig Riaghaltas na h-Alba a bhith a' cur an àireamh de sgoilearan ann am foghlam meadhan-Gàidhlig sa bhun-sgoil suas 20% ro 2009.

Ràinig mòran luchd-ionnsachaidh inbheach fileantachd air iomadh dòigh, a' gabhail a-steach bogadh cànan. Tha toradh cunntas-sluaigh o chionn ghoirid a' sealltainn gum feum sinn meudachadh mòr sna h-àireamhan de dh'òigridh agus inbich a tha a' coileanadh, a' mealtainn agus a' cumail suas fileantachd.

Bidh Bòrd na Gàidhlig ag obair le com-pàirtichean gus amasan nam Ministearan a choileanadh a thaobh na Gàidhlig agus gus dèanamh cinnteach gun tèid coinneachadh ri na molaidhean a rinn Comhairle na h-Eòrpa. Bidh am Bòrd ag obair le prìomh bhuidhnean com-pàirteachaidh leithid an Riaghaltas, CoSLA, Comann nan Stiùirichean Foghlaim (Alba), Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, Ionnsachadh is

Teagasg Alba, Luchd-Sgrùdaidh na Bànrìghe airson Foghlaim agus Dreuchdan Alba, agus cuideachd ri ùghdarrasan foghlaim, institiudan tidsearachd agus pàrantan.

Cultar agus na Meadhanan

Tha mòran de na nithean a tha air an ceangal ri Alba gu traidiseanta freumhaichte ann an cultar na Gàidhlig. Tha àite aig beairteas dualchas is cultar traidiseanta na Gàidhlig gu eadar-nàiseanta. Tha cruthachadh ealain ùr Gàidhlig tro cheòl, dràma, danns, na h-ealain lèirsinneach, film, litreachas agus seòrsachan ealain eile, agus measgachadh ùr agus traidiseanta, air a bhith brosnachail. Tha pàirt ro-chudromach air a bhith aig craoladh ann an toirt nan diofar phàirtean de chultar na Gàidhlig gu barrachd dhaoine.

Tha tachartasan cultarail a' toirt barrachd cothroman do dhaoine an cànan aca a chleachdadh, aig ìre proifeiseanta agus sòisealta; feumaidh na cothroman sin a bhith air am misneachadh agus air am meudachadh. Tha ealain is dualchas na Gàidhlig a' toirt doras trom faigh daoine aig nach eil Gàidhlig cothrom agus tuigse air a' chànan agus a' chultar.

Thòisich Ro-innleachd Cultarail Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba *Creating our Future...Minding our Past* (2000) le mìneachadh farsaing agus in-ghabhalach air cultar mar a rinn Co-labhairt na Cruinne air Poileasaidhean Cultarail UNESCO:

'Anns an t-seagh as fharsaing, faodar a-nis a ràdh gur e cultar an cruinneachadh iomlan de nithean sònraichte a bhuineas do spiorad, àrainneachd, inntinn agus faireachdainn a tha a' comharrachadh coimhearsnachd no buidheann. Tha e a' gabhail a-steach chan e a-mhàin na h-ealain agus litrichean ach cuideachd dòighean-beatha, còraichean bunaiteach dhaoine, siostaman luach, traidiseanan agus creideamhan.'

Bhruidhinn am Prìomh Mhinistear, Jack McConnell, anns an òraid aige air Là Naoimh Anndrais 2003, gu robh e an dùil taic a thoirt do dòigh thionnsgalach air adhartachadh atharrachadh fa leth agus amas sòisealta:

'Tha mi den bheachd gur e leasachadh ar spionnadh tionnsgalach, ar mac-meanmna, an ath iomairt mhòr a bu chòir a bhith againn a-nis airson ar slugh. Faodar na h-ealain a thoirt do na h-uile, mar chòir dheamocratach, agus a choileanadh aig toiseach na 21^{mh} linn.'

Tha Bòrd na Gàidhlig mothachail air a' bhuidheann mhòr a tha aig cultar na Gàidhlig air dearbh-aithne nàiseanta ùr na h-Alba. Thuirt am Prìomh Mhinistear, a' bruidhinn aig Sabhal Mòr

Ostaig ann an 2004 *'gu robh an Riaghaltas a' làn chreidsinn gu bheil àite sònraichte aig a' Ghàidhlig an Alba agus gu bheil uallach sònraichte againn air a son.'*

Bidh Bòrd na Gàidhlig ag obair còmhla ri Riaghaltas na h-Alba, Comhairle Ealain na h-Alba (SAC), Buidheann Leasachadh Ro-innleachdail nan Ealain Ghàidhlig (GASD), Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (SMG) agus buidhnean eile gus cultar na Gàidhlig adhartachadh. Le taic Riaghaltas na h-Alba, nì am Bòrd com-pàirteachasan ùra ri foghlam, na meadhanan, gnìomhachasan tionnsgalach, turasachd agus a' choimhearsnachd san fharsaingeachd. Mar phàirt den obair seo, bidh sinn a' comharrachadh na tha a' Ghàidhlig a' cur ri beatha chultarail an Alba agus an àiteachan eile.

Leasachadh Eaconamach agus Sòisealta

Tha cànan beò ann an coimhearsnachdan agus tha coimhearsnachdan air an riaghladh san fharsaingeachd le siostaman eaconamach agus sòisealta. Mar sin, tha e deatamach gum bi na siostaman eaconamach agus sòisealta taobh a-staigh nan coimhearsnachdan Ghàidhlig air an neartachadh.

'S e an teaghlach fhathast am prìomh innleachd airson sgaoileadh eadar-ghinealach na Gàidhlig. Mar a bhios coimhearsnachdan dùthchail ag atharrachadh, tha luchd-labhairt Gàidhlig a' cruthachadh structaran sòisealta ùra a chuidicheas le ceanglaichean agus eadar-obrachadh tron chànan. Tha mòran de na dòighean ùra sin a' sealltainn com-pàirt buidhnean iomairt agus tha barrachd is barrachd den chonaltradh air-loidhne. Tha barrachd Gàidhlig ri fhaicinn air soidhnichean agus ann an ìomhaigh phoblach bhuidhnean oifigeil agus ghnothachasan.

Tha sgrìobhainn Riaghaltas na h-Alba *Promoting a Better Scotland* ag ràdh gum bi an riaghaltas *'a' cur cudrom ùr air cànanan na h-Alba a bheir àite don dualchas agus an iomadachd againn'*.

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' comharrachadh dòighean ùra air barrachd cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh agus ag obair airson a' Ghàidhlig a neartachadh mar chànan teaghlach is coimhearsnachd, a' co-obrachadh le com-pàirtichean mar Lionra HIE, Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Poblach agus an Roinn Phrìobhaideach.

Iomairtean Eadar-roinneil

Tha cànan beò a' dol tro gach roinn de bheatha na coimhearsnachd; agus mar sin tha am Bòrd ag iarraidh dòigh shùbailte gus cuspairean eadar-roinneil a ghabhail a-steach. Tha an roinn seo gu sònraichte a' coinneachadh ri na feuman agus riatanasan measgaichte ann am pròiseactan leasachadh cànan ioma-thaobhach.

Tha obair leasachaidh ag iarraidh riaghladh èifeachdach agus cùl-taic coileanta. Thar nam bliadhnan ri teachd, tha e cudromach togail air an obair leasachaidh Gàidhlig ion-mholta a rinneadh roimhe. Far a bheil feum air fàs agus neart, tha deagh mhodhan ullachaidh agus taic deatamach. Tha am Bòrd mothachail gum feumar deagh fhiosrachadh gus planadh èifeachdach a dhèanamh airson leasachadh Gàidhlig agus tha e a' toirt làn aire do leasachaidhean ionadail agus eadar-nàiseanta taobh a-staigh na roinne seo.

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 – Builean

Air latha fìor eachdraidheil don Ghàidhlig, chrìochnaich Bile na Gàidhlig Alba an treas ìre agus an ìre dheireannach ann am Pàrlamaid na h-Alba air 21^{mh} Giblean 2005, agus fhuair e aonta aon-ghuthach bhon Phàrlamaid. Fhuair am Bile Aonta Rìoghail air 1^{mh} Ògmhios 2005.

Bidh am Bile a' stèidheachadh Bòrd na Gàidhlig mar bhuidheann reachdail, agus a' mìneachadh cumhachdan agus dleastanasan a' Bhùird mar bhuidheann poblach. Tha na dleastanasan sin a' gabhail a-steach:

- Bidh am Bòrd cunntachail do Mhinistearan airson leasachadh agus buileachadh plana nàiseanta na Gàidhlig, anns am bi ro-innleachd nàiseanta airson foghlam Gàidhlig, agus a bhios air ùrachadh a h-uile còig bliadhna.
- Bidh cumhachdan aig a' Bhòrd cuideachd a bhith a' toirt stiùireadh air foghlam Gàidhlig, le aonta ro-làimh bho Mhinistearan.
- Feumaidh buidhnean poblach an Alba planaichean-cànan Gàidhlig a thoirt a-mach a' mìneachadh mar a libhrigeas iad cuid de na seirbheisean aca tro mheadhan na Gàidhlig, agus bidh Bòrd na Gàidhlig a' cur fios gu àireamh iomchaidh de na buidhnean poblach sin gach bliadhna, agus ag obair còmhla riutha gus na planaichean sin a chur ri chèile agus a libhrigeadh.

“ Airson a’ mhòr-chuid de dhaoine san t-saoghal, tha dà-chànanas nàdarrach agus cumanta. Thathar a’ meas gu bheil eadar 60 agus 65% de dhaoine air feadh an t-saoghail a’ cleachdadh dà chànan co-dhiù nam beatha làitheil.”

*Cothrom Ùr don Ghàidhlig, Buidheann Comhairleachaidh an Riaghaltais
air Gàidhlig 2002*

<>

Bha an Cathraiche agus buill de Bhòrd na Gàidhlig an làthair airson an deasbad deireannach air Bile na Gàidhlig, còmhla ri riochdairean bhon choimhearsnachd Gàidhlig. Thuirt Cathraiche Bòrd na Gàidhlig,
Donnchadh Fearghasdan:

“S e latha mòr a tha seo ann an eachdraidh cànan is cultar na Gàidhlig. Tha e na thoileachas mòr dhuinn fàilte a chur air Achd na Gàidhlig ‘s e a’ comharrachadh an àite luachmhor is prìseil a th’ aig a’ chànan ann an cultar bheòthail na h-Alba san latha an-diugh agus san latha ri thighinn.

“Tha an latha seo na chothrom aithne is spèis a thoirt dhan a h-uile duine a tha air a bhith ag obair don Ghàidhlig thar iomadh bliadhna agus tha e na adhbhar misneachd is aoibhneas gus ruige sinn cho fada. Tha e cuideachd na chothrom sùil a thoirt san amharc agus ri ginealach ùr agus misneachail de luchd-labhairt na Gàidhlig, ri cothroman ùra air a’ Ghàidhlig ionnsachadh agus a chleachdadh, agus ri barrachd tuigse is spèis do chànan is cultar na Gàidhlig.”

6. AMASAN RO-INNLEACHDAIL AGUS OBRACH

AMAS 1 MEUDACHADH ÀIREAMH LUCHD-LABHAIRT AGUS LUCHD-CLEACHDAIDH NA GÀIDHLIG

1.1 Foghlam Aois Ro-sgoile agus Sgoile

- 1.1.1 Meudachadh àireamhan GME aig ìre ro-sgoil, bun-sgoil agus àrd-sgoil 5% gach bliadhna
- 1.1.2 Meudachadh cothroman, aig a h-uile ìre, do sgoilearan a tha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh mar dhàrna cànan
- 1.1.3 Meudachadh seirbheis cùram-chloinne Gàidhlig agus buidhnean taic do phàrantan chloinne ann am foghlam Gàidhlig ro-chòig

1.2 Teagasg

- 1.2.1 Meudachadh fastadh thidsearan GME aig a h-uile ìre agus misneachadh ath-thrèanadh do thidsearan aig a bheil Gàidhlig
- 1.2.2 Meudachadh cothrom air Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach do thidsearan GME anns na roinnean obrach aca
- 1.2.3 Dèanamh cinnteach gu bheil foghlam thidsearan GME na ullachadh iomchaidh airson tòiseachadh a' teagasg

1.3 Foghlam Fad-beatha

- 1.3.1 Meudachadh ionnsachadh Gàidhlig do dh'inbich tro leasachadh ghoireasan agus adhartachadh cothroman agus toirt air falbh nithean a tha a' cur bacadh air adhartas luchd-ionnsachaidh
- 1.3.2 Meudachadh na tha rim faotainn de chùrsaichean Gàidhlig do luchd-labhairt a tha fileanta ann an comasan cainnt agus sgrìobhaidh
- 1.3.3 Cuideachadh ceumnaichean a tha airson cùrsa Gàidhlig aithnichte a dhèanamh

PRÌOMH BHUIDHNEAN COM-PÀIRTEACHAIDH

An Comunn Gaidhealach • An Lòchran • Clì Gaidhlig • Colaiste a' Chaisteil
Comhairle nan Leabhraichean • Comhairle nan Sgoiltean Àraich • Comunn na Gàidhlig
Fèisean nan Gaidheal • Iomairt Cholm Cille • Ionad Chaluum Chille Ìle • Pròiseact nan Ealan
Sabhal Mòr Ostaig • Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig • Tobar an Dualchais

RAON-AMA

2005-2007

BUIDSEAT

£372,000

AMAS 2 NEARTACHADH NA GÀIDHLIG MAR CHÀNAN TEAGHLAICH IS COIMHEARSNACHD

2.1 Dachaigh

- 2.1.1 Adhartachadh buannachdan dà-chànanais agus sgaoileadh na Gàidhlig san dachaigh
- 2.1.2 Meudachadh taic do phàrantan aig a bheil clann ann an GME agus an cothrom air goireasan a dh'fhaodar cleachdadh san dachaigh
- 2.1.3 Adhartachadh clàradh sgoilearan ann an GME le bhith a' cur cudrom air an dachaigh agus an teaghlach

2.2 Coimhearsnachd

- 2.2.1 Neartachadh na Gàidhlig far a bheil i air a bruidhinn ann an coimhearsnachdan agus taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha airson a bhith ag adhartachadh na Gàidhlig
- 2.2.2 Cur air adhart cur-seachadan Gàidhlig do dh'òigridh aois sgoile agus tachartasan sòisealta ann an Gàidhlig do dh'òigridh aois 18-30
- 2.2.3 Àrdachadh mothachadh air obair cànanain stèidhichte sa choimhearsnachd agus cho cudromach 's a tha e

2.3 Obair

- 2.3.1 Adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach
- 2.3.2 Taic do sgeamaichean a tha a' toirt greis-gnìomhachais agus eòlas obrach do dh'oileanaich agus ceumnaichean le Gàidhlig
- 2.3.3 Misneachadh obair malairteach sa Ghàidhlig, agus gnòthachasan a tha ag adhartachadh Gàidhlig san àite-obrach

PRÌOMH BHUIDHNEAN COM-PÀIRTEACHAIDH

An Comunn Gaidhealach • An Lòchran • Clì Gaidhlig • Colaiste a' Chaisteil
Comhairle nan Leabhraichean • Comhairle nan Sgoiltean Àraich • Comunn na Gàidhlig
Fèisean nan Gaidheal • Iomairt Cholm Cille • Ionad Chaluim Chille Ìle • Pròiseact nan Ealan
Sabhal Mòr Ostaig • Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig • Tobar an Dualchais

RAON-AMA

2005-2007

BUIDSEAT

£388,000

AMAS 3 CUIDEACHADH LE COTHROM AIR CÀNAN AGUS CULTAR NA GÀIDHLIG AIR FEADH ALBA

3.1 Na Meadhanan

- 3.1.1 Misneachadh a h-uile oidhirp air ìre, càileachd agus cothrom air prògraman telebhisein Gàidhlig a leudachadh
- 3.1.2 Leasachadh ullachadh air seirbheis naidheachdan Gàidhlig a bhios a' sgaoileadh fiosrachaidh gu luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh Gàidhlig
- 3.1.3 Meudachadh na tha ri fhaotainn de stuthan foghlaim Gàidhlig tro theicneolas ùr

3.2 Na h-Ealain

- 3.2.1 Meudachadh adhartachadh agus cothrom air na h-ealain Ghàidhlig, traidiseanta agus nua-aimsireil, air feadh Alba
- 3.2.2 Àrdachadh mothachadh air Gàidhlig ann an roinnean nan ealan agus cultair agus misneachadh fèisean agus tachartasan ealain poileasaidhean Gàidhlig a ghabhail os làimh agus Gàidhlig a ghabhail a-staigh far an gabh e dèanamh
- 3.2.3 Meudachadh a' chothruim air na h-ealain Ghàidhlig ann an sgoiltean

3.3 Foillseachadh

- 3.3.1 Meudachadh ìre agus càileachd stuthan airson Foghlaim Gàidhlig agus Meadhan-Gàidhlig
- 3.3.2 Leudachadh ìre agus cothrom air foillseachaidhean Gàidhlig a' gabhail a-steach leabhraichean, irisean agus pàipearan làitheil
- 3.3.3 Cuideachadh le leasachadh goireasan ionnsachaidh Gàidhlig do dh'inbhich

PRÌOMH BHUIDHNEAN COM-PÀIRTEACHAIDH

An Comunn Gaidhealach • An Lòchran • Clì Gaidhlig • Colaiste a' Chaisteil
Comhairle nan Leabhraichean • Comhairle nan Sgoiltean Àraich • Comunn na Gàidhlig
Fèisean nan Gaidheal • Iomairt Cholm Cille • Ionad Chaluim Chille Ìle • Pròiseact nan Ealan
Sabhal Mòr Ostaig • Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig • Tobar an Dualchais

RAON-AMA

2005-2007

BUIDSEAT

£576,000

**AMAS 4 ADHARTACHADH AGUS COMHARRACHADH NA THA A' GHÀIDHLIG A'
CUR RI BEATHA CHULTARAIL NA H-ALBA**

4.1 Fiosrachadh agus Adhartachadh

- 4.1.1 Adhartachadh sgeamaichean fiosrachaidh a bhios ag àrdachadh ìomhaigh na Gàidhlig agus ag adhartachadh a' chànain aig ìre nàiseanta
- 4.1.2 Taic do phrìomh bhuidhnean com-pàirteachaidh a tha airson tachartasan agus iomairtean cultarail Gàidhlig a chur air adhart
- 4.1.3 Meudachadh cleachdadh ICT airson adhartachadh na Gàidhlig agus cothrom air obair cultarail Gàidhlig

4.2 Cultar agus Dualchas

- 4.2.1 Àrdachadh mothachadh air dualchas na Gàidhlig agus cuideachadh sgeamaichean a tha ag iarraidh dualchas cànanach agus cultarail na Gàidhlig a chumail tèarainte airson na h-ama ri teachd
- 4.2.2 Adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an turasachd an Alba

PRÌOMH BHUIDHNEAN COM-PÀIRTEACHAIDH

An Comunn Gaidhealach • An Lòchran • Clì Gaidhlig • Colaiste a' Chaisteil
Comhairle nan Leabhraichean • Comhairle nan Sgoiltean Àraich • Comunn na Gàidhlig
Fèisean nan Gaidheal • Iomairt Cholm Cille • Ionad Chaluim Chille Ìle • Pròiseact nan Ealan
Sabhal Mòr Ostaig • Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig • Tobar an Dualchais

RAON-AMA

2005-2007

BUIDSEAT

£144,000

**AMAS 5 LEUDACHADH AGUS LEASACHADH CLEACHDADH NA GÀIDHLIG
ANNS GACH ROINN DE BHEATHA NA H-ALBA**

5.1 Cleachdadh Cànan

- 5.1.1 Adhartachadh leasachadh cànanach na Gàidhlig agus cleachdadh briathrachas agus modhan labhairt ùra
- 5.1.2 Leasachadh trèanadh agus measadh do dh'eadar-theangairean Gàidhlig
- 5.1.3 Misneachadh pròiseactan Teicneolas Fiosrachaidh is Conaltraidh a tha a' cur ri leasachadh na Gàidhlig

5.2 Dealbhadh Cànan

- 5.2.1 Misneachadh buidhnean poblach an Alba a bhith a' gabhail os làimh Planaichean-cànan Gàidhlig
- 5.2.2 Misneachadh clàradh ainmean-àite Gàidhlig agus stèidheachadh prionnsabalan co-cheangailte ris an obair seo
- 5.2.3 Bheir am Bòrd taic do dh'obair gus am bi a' Ghàidhlig air a faicinn air barrachd shoidhnichean anns na h-earrannan poblach is prìobhaideach

5.3 Rannsachadh

- 5.3.1 Taic do rannsachadh a chuidicheas leasachadh Gàidhlig
- 5.3.2 Taic do rannsachadh mu fhoghlam meadhan-Gàidhlig
- 5.3.3 Taic do fhoillseachadh aithisgean ùra mu rannsachadh co-cheangailte ri leasachadh Gàidhlig

PRÌOMH BHUIDHNEAN COM-PÀIRTEACHAIDH

An Comunn Gaidhealach • An Lòchran • Clì Gaidhlig • Colaiste a' Chaisteil
Comhairle nan Leabhraichean • Comhairle nan Sgoiltean Àraich • Comunn na Gàidhlig
Fèisean nan Gaidheal • Iomairt Cholm Cille • Ionad Chaluim Chille Ìle • Pròiseact nan Ealan
Sabhal Mòr Ostaig • Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig • Tobar an Dualchais

RAON-AMA

2005-2007

BUIDSEAT

£245,000

PÀIPEAR-TAICE 1

BORD NA GAIDHLIG (ALBA)


BUIDSEAT

airson 2 bliadhna gu 31 Màrt 2007


	2005-06	2006-07
	£'000	£'000
TEACHD A STEACH		
Riaghaltas na h-Alba – Tabhartas-cuideachaidh	2,809	4,659
Riaghaltas na h-Alba - eile	11	0
Teachd-a-steach Eile	0	0
Riadh Banca	2	4
Iomlan	2,822	4,663
COSGAISEAN		
Buill		
Cuibhreannan	57	67
Siubhal, coinneamhan m.s.a.a.	32	37
Trèanadh & eile	29	4
Luchd Obrach		
Tuarastalan, NIC & peinnsean	398	540
Siubhal m.s.a.a	50	65
Màl charbad	4	4
Trèanadh	6	6
Cosgaisean fastaidh	0	0
Oifis		
Màl, dealan, glanadh m.s.a.a	79	65
Fòn, stuthan-sgrìobhaidh & postachd	18	18
Cosgaisean coimpiutair	4.8	5
Cosgaisean eile	6	6
Eile		
Co-chomhairlean	12	12
Laghail & proifeiseanta	13	13
Ìomhaigh chorporra, làrach-lìn, aithisg bhliadhnail	18	18
Calpa		
Uidheam coimpiutair/oifis	4	4
Pròiseactan		
Cunradairean aontaichte (G15 / Earrann 23)	1,600	1,600
Iomairtean Gàidhlig	400	300
Rannsachadh m.s.a.a	50	100
Plana Nàiseanta	50	1,680
Caiteachas pròiseict eile	125	117
Iomlan	2,955	4,663
Sruth-airgid a-steach/a-mach gu lèir	-133	0
Cothromachadh b/f	133	0
Cothromachadh c/f	0	0

PÀIPEAR-TAICE 2 DIAGRAM STRUCTAIR BÒRD NA GÀIDHLIG

Bòrd na Gàidhlig



Luchd-obrach



PÀIPEAR-TAICE 3 DLEASTANASAN LUCHD-OBRACH

Ceannard

Tha a' phrìomh uallach airson targaidean agus cinn-uidhe a' Bhùird air a' Cheannard. Mar an Oifigear Cunntachail, tha an Ceannard cunntachail don Bhòrd airson riaghladh agus rianachd iomlan na companaidh, agus cuideachd do Mhinistearan na h-Alba.

Stiùiriche Leasachaidh

An Ceannard a chuideachadh ri amasan a' Bhùird a choileanadh, uallach airson leasachadh Gàidhlig mar a tha air a chomharrachadh anns a' Phlana Nàiseanta, sgeamaichean cunntachail a dhealbh airson buileachadh a' Phlana Nàiseanta agus barganachadh ri solaraidhean airson nan sgeamaichean sin a lìbhrigeadh, agus cànan na Gàidhlig agus tachartasan cultarail co-cheangailte rithe adhartachadh gu dìcheallach.

Stiùiriche Planadh Cànan

Plana Nàiseanta na Gàidhlig a thoirt air adhart a rèir poileasaidh a' Bhùird, deagh chleachdadh a thaobh dealbhadh cànan ann an coimhearsnachdan cànanach eile a mheasadh, an eòlas seo a chleachdadh gu buannachd plana nàiseanta na Gàidhlig agus cànan na Gàidhlig agus tachartasan cultarail co-cheangailte rithe adhartachadh gu dìcheallach.

Stiùiriche Ionmhais/Rianachd

Stèidheachadh agus riaghladh siostaman ionmhais airson na companaidh, riaghladh cùisean san oifis agus dèanamh cinnteach gum bi gach goireas air a chleachdadh san dòigh as fheàrr agus a bhith na cheangal airson gach cùis a bhuineas do ghoireasan daonna. Cuideachd am fiosrachadh iomchaidh a thoirt, mar a bhios feum air, don Bhòrd agus, ma bhios e riatanach, do Riaghaltas na h-Alba, agus cànan na Gàidhlig agus tachartasan cultarail co-cheangailte rithe adhartachadh gu dìcheallach.

Stiùiriche PR agus Margaideachd

Toirt air adhart agus a bhith cunntachail airson ro-innleachd dàimh poblach agus margaideachd na buidhne, agus an Ceannard a chuideachadh ri amasan a' Bhùird a choileanadh.

PA/Rùnaire

Taic eagrachaidh agus rianachd dà-chànanach a thoirt don Cheannard, prìomh luchd-obrach, Cathraiche agus buill a' Bhùird, agus cànan na Gàidhlig agus tachartasan cultarail co-cheangailte rithe adhartachadh gu dìcheallach.

Rùnaire Ionmhais/Rianachd

Seirbheis taic ionmhais, eagrachaidh agus rianachd dà-chànanach iomlan agus proifeiseanta a thoirt don Stiùiriche Ionmhais/Rianachd, dleastanasan fàiltiche gnàthach a choileanadh, agus cànan na Gàidhlig agus tachartasan cultarail co-cheangailte rithe adhartachadh gu dìcheallach.

Fàiltiche/Rùnaire

Dleastanasan fàiltiche gnàthach a choileanadh, seirbheis taic ionmhais, eagrachaidh agus rianachd dà-chànanach iomlan agus proifeiseanta a thoirt don Stiùiriche Ionmhais/Rianachd, agus cànan na Gàidhlig agus tachartasan cultarail co-cheangailte rithe adhartachadh gu dìcheallach.

PÀIPEAR-TAICE 4 POILEASaidh Gàidhlig Bòrd na Gàidhlig

(Am Poileasaidh Gàidhlig air ainmeachadh gu h-ìosal mar "am poileasaidh".)

(Bòrd na Gàidhlig air ainmeachadh gu h-ìosal mar "a' bhuidheann".)

1. RÙN NA BUIDHNE

Gus dèanamh cinnteach gum bi seasmhachd aig cànan is cultar na Gàidhlig ann an Alba anns an àm ri teachd.

2. AMASAN NA BUIDHNE

'S iad amasan na buidhne:

- meudachadh àireimh luchd-labhairt Gàidhlig is luchd-cleachdaidh Gàidhlig
- neartachadh na Gàidhlig mar chànan teaghlach is coimhearsnachd
- cuideachadh le cothrom air cànan is cultar na Gàidhlig air feadh na h-Alba
- adhartachadh is comharrachadh na tha a' Ghàidhlig a' cur ri beatha chultarail na h-Alba
- leudachadh is leasachadh cleachdadh na Gàidhlig anns gach roinn de bheatha na h-Alba

3. AMAS A' PHOILEASaidh

Gus stiùireadh a thoirt dhan bhuidhinn air mar a dhèiligeas ri cleachdadh na Gàidhlig is chànanan eile ann an obair dhan bhuidhinn.

4. RO-INNLEACHD

4.1 Cur an cèill

Thèid am poileasaidh seo fhoillseachadh air pàipear agus air làrach-lìn na buidhne airson sgaoileadh air luchd-obrach na buidhne agus air a' phoball.

Gus am bi fios aig a' mhòr-shluagh agus aig buidhnean eile air mar a thèid dèiligeadh ri cànanan conaltraidh; gus am brosnachadh gus an conaltradh a chumail sa Ghàidhlig; agus gus eisimpleir a nochdadh do bhuidhnean eile.

Thèid lethbhreac dhen poileasaidh a thoirt do luchd-obrach agus do bhuill a' Bhùird nuair a thòisicheas iad aig a' bhuidhinn agus gach turas a thèid am poileasaidh

ùrachadh; thèid an stiùireadh chun a' phoileasaidh gach turas a dh'èireas ceist mu chleachdadh chànanan leis a' bhuidhinn.

Gus am bi fios is aithne air feadh na buidhne air mar a dhèiligear ri cleachdadh chànanan agus carson.

Thèid lethbhreac dhen phoileasaidh a thoirt do chunnradairean agus do luchd-liubhairt sheirbheisean mus tòisich iad ag obair leis a' bhuidhinn agus gach turas a thèid am poileasaidh ùrachadh; thèid an stiùireadh chun a' phoileasaidh gach turas a dh'èireas ceist mu chleachdadh chànanan leis a' bhuidhinn.

Gus am bi fios is aithne aig luchd-ionaid na buidhne air mar a dhèiligear ri cleachdadh chànanan agus carson.

4.2 Smachdachadh

Thèid bristeadh sam bith dhen phoileasaidh, a dh'èireas air sgàth gnìomharan neach-obrach na buidhne, a cheannsachadh a rèir modh smachdachaidh na buidhne.

Gus nach bi teagamh mu chudromachd a' phoileasaidh.

4.3 Measadh

Thèid am poileasaidh ath-sgrùdadh gach dusan mìos air a' char as fhaide.

Gus daingneachadh gu bheil am poileasaidh fhathast a' freagairt air amasan na buidhne agus air amas a' phoileasaidh.

5. RAOINTEAN OBRACH

5.1 Gàidhlig

Thèid stuth sgrìobhte a tha ri nochdadh ann an Gàidhlig a sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig an toiseach far an gabh seo dèanamh.

Gus am bi gach cothrom ga thoirt do bhlas is brìgh na Gàidhlig, a tha buailteach a bhith air an call ann an eadar-theangachadh.

5.2 Conaltradh

5.2.1 Fàilteachas is fòn

Cuirear fàilte air daoine a' tadhal air a' bhuidhinn no a' fònadh thuice le fàilte ghoirid anns a' Ghàidhlig. Leanaidh cànan(an) a' chòmhradh a rèir freagairt is cainnt an neach-conaltraidh.

Gus am bi aghaidh Ghàidhlig na buidhne ga gleidheadh, leis gach cothrom ga thoirt do luchd-conaltraidh bruidhinn gu cofhurtail sa Ghàidhlig, ach gun bhacadh a chur air luchd-conaltraidh gun Ghàidhlig no gun misneachd innte.

5.2.2 Sgrìobhadh

Ann a bhith a' conaltradh às leth na buidhne, sgrìobhar anns a' Ghàidhlig a-mhàin gu buidhnean aig a bheil e mar phoileasaidh brathan anns a' Ghàidhlig a fhreagairt, gu buidhnean air am meas mar bhuidhnean Gàidhlig ach gun phoileasaidh aithnichte, agus gu daoine fa leth a tha air sgrìobhadh chun na buidhne an turas mu dheireadh anns a' Ghàidhlig; ann an suidheachaidhean eile sgrìobhar mar a chithear iomchaidh.

Gus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh mar chànan beò obrach seach cànan faileasach dà-chànanach, agus gus nach tèid stòras a chosg air eadar-theangachadh nach eil a dhìth.

5.2.3 Seòlaidhean [ri rèiteachadh le Oifis a' Phuist]

Ann a bhith a' cur litir no pacaid anns a' phost gu seòladh Albannach, ma bhios sgeul air a' chòd-phuist thèid seo a chleachdadh agus: 1) thèid ainm taighe no togalaich no tuathanais a thaisbeanadh a rèir a' chàin is an riochd anns an d'fhuaradh e; 2) thèid an t-ainm sràide (no ceàrn gun sràid) a thaisbeanadh anns a' Ghàidhlig ma tha aithne oifigeil ga toirt dha, mar eisimpleir le soidhne sràide; 3) thèid am baile-puist a thaisbeanadh mar a tha e a' nochdadh air liosta aontaichte na buidhne; 4) thèid siorrachd no sgìre no eilean a thaisbeanadh mar a tha e a' nochdadh air liosta aontaichte na buidhne; 5) thèid bailtean no sgìrean eile anns an t-seòladh a thaisbeanadh anns a' Ghàidhlig mar a bhios freagarrach.

Gus feum a chur air seòlaidhean Gàidhlig, gun Bheurla ach na tha a dhìth a bharrachd air a' chòd-phuist; gus ùine a shàbhaladh gun a bhith ag eadar-theangachadh gach loidhne de sheòlaidhean; gus cunbhalachd fhaighinn ann an seòlaidhean; gus Gàidhlig a nochdadh mar chànan beò obrach seach cànan faileasach ann an seòlaidhean dà-chànanach.

Mura faighear lorg air a' chòd-phuist airson seòladh Albannach, leanar 1 & 2 gu h-àrd, ach thèid an còrr a sgrìobhadh anns a' Bheurla a-mhàin.

Gus ùine a shàbhaladh gun a bhith ag eadar-theangachadh gach loidhne de sheòlaidhean.

A' cur gu dùthchannan a-mach à Alba, cha tèid seòlaidhean a dhèanamh anns a' Ghàidhlig.

Gus seòladh cinnteach chun na dùthcha fhaighinn, no anns an UK gus cànan na dùthcha fhèin a cheadachadh.

5.2.4 Foirmean

Thèid foirmean is ceisteachain a lionadh ann an cànan nan ceistean. Ma tha taghadh de chànanan ann, cleachdar a' Ghàidhlig ma tha i nam measg.

Gus am bi cinnt ann gun tuigear am fiosrachadh no a' bharrail.

5.2.5 Litreachadh

Ann an sgrìobhadh às leth na buidhne, thèid Gàidhlig a litreachadh a rèir molaidhean GOC2 (Gaelic Orthographic Conventions, 2005) anns a' chiad dol a-mach, agus an uair sin a rèir faclair Gàidhlig Teach Yourself, ach far a bheil a' bhuidheann air co-dhùnadh a chlàradh dhan chaochladh.

Gus am bi stoidhle chunbhalach aig a' bhuidhinn a bhios a rèir cleachdadh nan sgoiltean is nam prìomh fhoillsichearan Gàidhlig.

5.2.6 Ainmean-duine

Ann an conaltradh no suidheachadh oifigeil, thèid an t-ainm pearsanta aig neach a chleachdadh anns an riochd as dual leis an neach fhèin, ge b' e dè cànan an ainm no cànan a' chonaltraidh; no ma chleachdar leis an neach riochdan ann an diofar chànan, thèid iad sin a chleachdadh a rèir cànan a' chonaltraidh.

Gus an cleachdar rud cho pearsanta ri ciad ainm a rèir toil an neach fhèin, m.e. Iain no Seon(aidh) no John, air neo Iain & John.

Ann an conaltradh no suidheachadh oifigeil, thèid an t-ainm cinnidh aig neach a chleachdadh anns an riochd as dual leis an neach fhèin ann an cànan àraidh ma tha fios air an seo; thèid seo a chleachdadh ge b' e dè cànan a' chonaltraidh mas e sin as nòs dhan neach; air neo thèid riochd Gàidhlig no riochd eile a chleachdadh a rèir cànan a' chonaltraidh.

Gus an cleachdar cinneadh Gàidhlig a rèir toil an neach fhèin, air neo cinneadh aithnichte sa Ghàidhlig no sa Bheurla, m.e. MacCoinnich no MacChoinnich, MacKenzie no Mackenzie; MacCoinnich no MacKenzie.

5.2.7 Soidhnichean

Thèid soidhnichean air àrainn togalaichean na buidhne a sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig a-mhàin uiread 's a ghabhas, le feum ga chur cuideachd air suaicheantasan is comharraidhean ma bhios feum air stiùireadh a thoirt do dhaoine nach leugh Gàidhlig.

Gus àrainneachd Ghàidhlig a dhaingneachadh.

5.3 Foillseachadh

5.3.1 Ath leughadh

Thèid ath leughadh iarraidh air cuideigin air a shònrachadh ro làimh leis a' bhuidhinn mus tèid teacsa poblach Gàidhlig sam bith a chur am follais.

Gus iomhaigh na Gàidhlig is na buidhne airson cunbhalachd is grinneas cànan a chumail suas.

5.3.2 *Brathan naidheachd*

Thèid fios a leigeil chun nam meadhanan Gàidhlig anns a' Ghàidhlig, gu h-aon-chànanach no gu dà-chànanach (Gàidhlig le prìomhachas). Thèid fios a leigeil gu meadhanan eile anns a' chànan aca fhèin gu h-aon-chànanach, no ma bhios riochd Gàidhlig air ri làimh co-dhiù, gu dà-chànanach (Gàidhlig gun phrìomhachas).

Gus fios a thoirt seachad gu luath sa chànan chuimsichte.

5.3.3 *Foillseachadh*

Thèid sgrìobhainn phoblach fiosrachaidh air a sgrìobhadh a dh'aon ghnòthach airson sgaoileadh air pàipear no air an eadar-lìon fhoillseachadh anns a' Ghàidhlig, agus ma bhios e freagarrach ann an cànanan eile.

Gus leughadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, agus gus aghaidh Ghàidhlig na buidhne a dhaingneachadh.

5.3.4 *Foillseachas*

Thèid foillseachas gus mothachadh air obair na buidhne a thogail a dhèanamh anns a' chànan no cànanan a fhreagras air an iomairt agus air a' mheadhan.

Gus cuideam a chur air èifeachdachd na teachdaireachd seach air meadhan na teachdaireachd – ged a bhiodh an cànan no cànanan air an cleachdadh ri tomhas airson èifeachdachd.

5.3.5 *Sanasachd*

Thèid sanasan fhoillseachadh anns a' Ghàidhlig, agus ma bhios e freagarrach ann an cànanan eile.

Gus leughadh na Gàidhlig a bhrosnachadh, agus gus aghaidh Ghàidhlig na buidhne a dhaingneachadh.

5.3.6 *Sgaoileadh*

Thèid gach oidhirp a dhèanamh gus foillseachaidhean Gàidhlig is dà-chànanach na buidhne a riarachadh air luchd-cleachdaidh agus air a' phoball. Thèid fiosrachadh eileagtronaigeach agus stoc thaisbeanaidhean ùrachadh mar a tha feum.

Gus dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig agus fios Gàidhlig air beulaibh an t-sluaigh.

5.4 **Modhannan Obrach**

5.4.1 *Cànan na buidhne*

'S i cànan obrach na buidhne, a' Ghàidhlig, agus tha dùil gun tèid a cleachdadh air gach cothrom air àrainn oifisean na buidhne agus nuair a thathas a' frithealadh làraichean eile, agus a' siubhal thuca is bhuapa, às leth na buidhne.

5.4.2 *Coinneamhan a' Bhùird*

'S i cànan obrach bòrd na buidhne, a' Ghàidhlig, agus tha dùil gun tèid a cleachdadh air gach cothrom aig coinneamhan dhen Bhòrd no nuair a thathas a' riochdachadh a' Bhùird.

5.4.3 *Comataidhean*

Thèid cànan obrach comataidh a stèidheachadh leis a' chomataidh fhèin.

5.4.4 *Coinneamhan poblach*

Thèid coinneamhan poblach a chumail anns a' Ghàidhlig uiread 's a ghabhas. Thèid làn-fheum a dhèanamh de sheirbheisean eadar-mhìneachaidh far an gabh seo dèanamh. Thèid sanasan coinneimh fhoillseachadh anns a' Ghàidhlig, agus gu dà-chànanach ma tha dùil ri daoine nach leugh a' Ghàidhlig. Thèid cànan(an) obrach coinneimh a dhèanamh soilleir ann am foillseachas dà-chànanach sam bith.

5.4.5 *Cunntas coinneimh*

Thèid geàrr-chunntasan poblach na buidhne a chumail anns a' Ghàidhlig, le eadar-theangachadh dhan Bheurla airson fiosrachadh a-mhàin. Thèid cànan gheàrr-chunntasan dìomhair a stèidheachadh ro gach coinneamh le aonta nan daoine a bhios an sàs.

5.4.6 *Pàipearan coinneimh*

Anns an àbhaist, thèid pàipearan coinneimh fhoillseachadh anns a' Ghàidhlig, agus gu dà-chànanach, far a bheil e a dhìth, ma tha dùil ri daoine nach leugh a' Ghàidhlig.

5.4.7 *Pàipearan dìomhair*

Thèid sgrìobhainnean dìomhair fiosrachaidh no deasbaid am broinn oifis na buidhne no gu bòrd na buidhne no gu roinn iomchaidh an Riaghaltais a sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig ma leughas gach duine a dh'fheumas a faighinn a' Ghàidhlig – mura leugh, thèid a sgrìobhadh anns a' Bheurla.

5.5 **Sgioba Obrach**

5.5.1 *Fastadh*

Anns an àbhaist, tha leughadh is sgrìobhadh is labhairt is tuigsinn na Gàidhlig rin ainmeachadh mar sgilean riatanach anns a h-uile dealbh-obrach ùr no ùraichte aig a' bhuidhinn, agus thèid mothachadh a dhèanamh air na sgilean seo ann a bhith a' fastadh luchd-obrach gun dealbh-obrach. Cha tèid lagachadh air na riatanasan seo nuair a rachadh seo an aghaidh feumalachdan a' phoileasaidh.

5.5.2 *Leasachadh pearsanta*

Tha e air a shùileachadh gum bi luchd-obrach na buidhne a' sìor leasachadh an sgilean leughadh is sgrìobhadh is labhairt is tuigsinn na Gàidhlig, agus thèid seo a bhrosnachadh gu pragtaigeach leis a' bhuidhinn.

5.5.3 *Taic cànan*

Tha e air 'aithneachadh gum bi feum aig luchd-obrach na buidhne air taic làitheil le sgilean leughadh is sgrìobhadh is labhairt is tuigsinn na Gàidhlig, agus thèid goireasan a liubhairt mu choinneamh sin. Thèid structair pearsanta a stèidheachadh gu foirmeil airson taic cànan do luchd-obrach sam bith le uireasbhaidhean susbainteach ann an gin dhe na sgilean gu h-àrd a bhios a' bualadh air an obair aca.

5.5.4 *Trèanadh*

Thèid ionnsachadh is leasachadh ann an sgilean leughadh is sgrìobhadh is labhairt is tuigsinn na Gàidhlig am meas mar trèanadh a tha feumail do dh'obair gach neach-obrach na buidhne.

5.5.5 *Cunnradairean*

Thèid iarraidh air cunnradairean air an coimiseanadh leis a' bhuidhinn a bhith mothachail air a' phoileasaidh, agus far am bi seo iomchaidh gun gabh iad ris, no ri earrannan dheth, mar am poileasaidh aca fhèin.

6. BUAIDH AIR STÒRAS

Thathas an dùil nach bi a' bhuidhne aig a' phoileasaidh air stòras ionmhais is ùine na buidhne ach beag, ach thathas a' gabhail ris gum faodadh dùil a bhith ri cosgais a thaobh sgrìobhadh, foillseachadh is measadh a' phoileasaidh, a thaobh fastadh no stèidheachadh seirbheisean ath-leughaidh is eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh, agus a thaobh ionnsachadh is leasachadh sgilean Gàidhlig luchd-obrach na buidhne.